



Cùmhnant Seal-ùine - Manaidsear Sgaoilidh Eòlais is Com-pàirteachaidh Phoblaich

'S e com-pàirteachadh rannsachaidh eadar-ionadan agus eadar-cuspaireil a tha ann an Soillse, eadar Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean; Oilthigh Obar Dheathain; Oilthigh Dhùn Èideann agus Oilthigh Ghlaschu. Chaidh a stèidheachadh ann an 2009 airson cothroman rannsachaidh agus trèanadh iar-cheuma a liubhairt ann an iomadh cuspair acadaimigeach co-cheangailte ri glèidheadh agus ath-bheothachadh na Gàidhlig is a cultair. Tha e fa-near do na h-oilthighean a tha an sàs Soillse a leasachadh mar iomairt rannsachadh mion-chànain aig ìre eadar-nàiseanta le bhith a' leudachadh comasan rannsachadh na Gàidhlig a thaobh sòiseo-eòlais, sòiseo-cànanachais, agus poileasaidh is dealbhadh cànan, agus le bhith an sàs anns an deasbad sgoileireil is phoblach a thaobh cùisean mion-chànain san fharsaingeachd airson poileasaidh poblach a stiùireadh an Alba agus thall thairis.

Tha Soillse, ann an com-pàirteachadh le Sabhal Mòr Ostaig (SMO), a' cur fàilte air tagraidhean mu choinneimh cùmhnaint sheal-ùine airson cur ri leasachadh agus stiùireadh ro-innleachdan iomchaidh air Sgaoileadh Eòlais agus Com-pàirteachadh Poblach (SECP) a rèir rùn rannsachaidh Shoillse. Feumaidh tagraichean cunntas-beatha agus litir thagraidh a chur gu Soillse a' mìneachadh ciamar a fhreagras an eòlas, eachdraidh obrach agus sgilean air amasan Shoillse agus dleastanasan sònraichte na h-obrach seo. Tha an tuilleadh fiosrachaidh air a' phròiseas agallamhan agus feumalachdan cànan ri fhaotainn aig Stiùiriche Shoillse.

Prìomh Amasan na Dreuchd

Leigidh fastadh manaidsear SECP air cùmhnant seal-ùine le Soillse a daingneachadh fhèin an dòigh nas èifeachdaiche ann an saoghal phoileasaidhean aig ìrean nàiseanta is eadar-nàiseanta, agus cumaidh an dreuchd taic ri cruthachadh barrachd luach is buaidh a thaobh toraidhean rannsachaidh a' Phròiseict.

'S e prìomh dhleastanasan a' phuist:

- Liubhairt stiùiridh ro-innleachdail a thaobh cùisean SECP aig Soillse tro stiùireadh pròiseict èifeachdach an lùib co-phàirtean a liubhairt ann am prògram com-pàirteachaidh phoblaich agus sgaoilidh eòlais aontaichte thar roinnean sònraichte an luchd-ùidh.
- Liubhairt taic SECP iomchaidh a thaobh Pròiseact Rannsachaidh Gàidhlig nan Eilean, a leithid cumail taic ri sreath de cho-chomhairlean coimhearsnachd agus co-chomhairle dhìreach le buidhnean poblach iomchaidh; leasachadh ro-innleachd iomlan a thaobh nam meadhanan airson toraidhean pròiseict a sgaoileadh; cumail taic ri ullachadh brath rannsachaidh air iomadh taobh den phròiseact.

- Liubhairt taic airson dòigh sheasmhachd rannsachaidh is mar a tha i a' buntainn ri cùisean sgaoilidh eòlais le buidhnean coimhearsnachd agus ùghdarrasan poblach a thaobh pròiseact Shoillse a shìneadh tron ath ìre bho 2017 air adhart.
- Liubhairt co-obrachaidh leis na meadhanan do chom-pàirteachadh Shoillse.
- Co-obrachadh le luchd-ùidh iomchaidh mar as iomchaidh airson dearbhadh gu bheil molaidhean nam pròiseasan SECP gan sònrachadh agus gan sgrùdadh ann an co-theacs rannsachaidh Shoillse, agus gam meas a thaobh nam prìomhachasan rannsachaidh an lùib plana seasmhachd Shoillse.
- Liubhairt cothroman taic do luchd-rannsachaidh Shoillse a thigeadh an sàs gu h-iomlan san ro-innleachd SECP tro fhrithealadh sheiminearann agus leantainn dleastanasan an neach-obrach sa phost.
- Eagrachadh prìomh thachartas poblach/co-labhairt airson buaidh SECP air gnìomhan rannsachaidh Shoillse gu ruige seo a thaisbeanadh agus airson clàr-gnothaich com-pàirteachaidh phoblaich le luchd-ùidh a stèidheachadh airson leasachadh com-pàirteachadh Shoillse sa mheadhan-ùine, airson dleastanasan Shoillse ann an obair rannsachaidh air poileasaidh a dhaingneachadh mar thaic do dh'iomairtean coimhearsnachd is oifigeil na Gàidhlig.
- Liubhairt taic an com-pàirteachadh le luchd-obrach Sgaoilidh Eòlais SMO/OGE, airson dearbhadh gu bheil na prìomh theachdaireachdan an lùib obair rannsachaidh Shoillse gan sònrachadh agus gan soilleireachadh don phrìomh luchd-ùidh airson buaidh a ghabhas tomhas a libhrigeadh mar thaic a thaobh a' Ghàidhlig ann an Alba ath-bheothachadh.
- Cumail taic ri Stiùiriche Rannsachaidh agus Sgioba Stiùiridh Shoillse agus obair SECP is rannsachaidh co-cheangailte.

Tha an dreuchd seo stèidhichte aig Sabhal Mòr Ostaig (SMO), An t-Ionad Nàiseanta airson Cànan agus Cultar na Gàidhlig a tha cuideachd na chom-pàirtiche foghlaim ann an Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean. 'S e oifisean SMO anns an Eilean Sgitheanach prìomh àite-obrach a' phuist seo. Bidh mòran siubhail an lùib a' phuist, gu h-àraid anns na h-Eileanan Siar. Thèid cùisean a thaobh an àite-obrach aontachadh leis an tagraiche shoirbheachail.

An Dreuchd

Tìotal dreuchd: Manaidsear Sgaoilidh Eòlais agus Com-pàirteachaidh Phoblaich

Fad a' Chùmhnaint: Thèid am post a thairgsinn fad bliadhna gu leth

Sreath Stiùiridh: Stiùiriche Rannsachaidh Shoillse

Prìomh Eòlas

Riatanach

- Comasan Gàidhlig agus Beurla aig ìre àrd (labhairte agus sgrìobhte)
- Sàr sgilean conaltraidh a thaobh dèiligeadh ris a' phoball, ri buidhnean poblach agus ris na meadhanan
- Eòlas air stiùireadh pròiseict, gu h-àraid a thaobh Sgaoilidh Eòlais agus Com-pàirteachaidh Phoblaich
- Eòlas agus eachdraidh-obrach air leasachadh is sgaoileadh poileasaidhean Gàidhlig
- Eòlas air eagrachadh cho-labhairtean
- Sgilean rianachd agus eadar-pearsanta
- Comasan co-obrachaidh an lùib sgioba

Na bhuannachd

- Trèanadh aig ìre ceuma no iar-cheuma ann an conaltradh agus/no stiùireadh pròiseict
- Eòlas air dealbhadh cànanain no pròiseactan sòiseo-cànanach
- Eòlas air obair ann an roinn poileasaidhean na Gàidhlig
- Eòlas air draghan sòiseo-eaconamach agus sòiseo-cànanach anns na h-Eileanan Siar agus na buidhnean leasachaidh

Ionad Fastaiddh

Bidh an tagraiche a shoirbhicheas stèidhichte aig Sabhal Mòr Ostaig, mar aon de na h-ionadan com-pàirteachaidh an lùib Shoillse. Bhiodh an tagraiche soirbheachail ag obair a rèir riaghailtean obrach an ionaid fhastaiddh.

Bithear an dùil gum bi an tagraiche soirbheachail an sàs ann an obair Shoillse ann an àitichean eile cuideachd, le Inbhir Nis nam measg, far a bheil prìomh institiud lìonra Shoillse, Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean stèidhichte.

Thèid an tagraiche soirbheachail fhadthair air sgèile tuarastail a tha freagarrach a thaobh eòlais is eachdraidh-obrach, aig ìre £37,088 – 40,724 (aig 0.75 FTE pro-rata), a rèir sgèile tuarastail SMO.

Fad a' Chùmhnaint

Tha an dreuchd seo maoinichte fad bliadhna gu leth.

Pròiseas Tagraidh

Feumaidh tagraichean foirm iarrais a lìonadh agus a chur thugainn còmhla ris na leanas:

- Cunntas-beatha iomlan, anns a bheil ainm dithis luchd teisteanais
- Litir tagraidh a mhìnicheas:
 - a) carson a thathar a' cur tagraidh an sàs agus
 - b) ciamar a tha eòlas an tagraiche gu ruige seo freagarrach a thaobh amasan Shoillse agus dleastanasan sònraichte a' phuist seo.

Airson an tuilleadh fiosrachaidh a thaobh a' phuist, faodaidh tagraichean fios a chur ris an Oll. Conchúr Ó Giollagáin, Stiùiriche Shoillse, nam bu mhiann leotha còmhradh mì-fhoirmeil a thaobh a' phuist ron agallamh fhoirmeil: Fòn: 01471 888558; Post-d: sm00cog@uhi.ac.uk.

Ceann-latha iarrtasan: 05/09/16

Ceann-latha sealadach nan agallamhan: 12/09/16